

TRADITIONAL ARTS & CULTURE FUND

Slatan-tomhais agus Stiùiridhean do Thagraichean

Cha deach innteartan clàir-innse a lorg.

1. A' MHAOIN

Tha Maoin Ealain agus Cultair Traidiseanta (TACF) na maoin a tha air a tiomnadh bho Alba Chruthachail, air a stiùireadh le TRACS (Traditional Arts and Culture Scotland - Ealain agus Cultar Traidiseanta na h-Alba) agus tha i fosgailte do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean.

Tha TACF air a dealbhadh gus taic a thoirt do luchd-ealain agus luchd-ciùird traidiseanta agus do bhuidhnean, airson a bhith a' cruthachadh, a' cluich agus a' dol air cuairt agus gus obair a thaisbeanadh. Faodaidh a' mhaoin taic a chumail ri pròiseactan leasachaidh proifeiseanta is ionnsachaidh. Tha £48,000 ann ri thoirt a-mach ann an 2026-27.

Ged a tha TRACS a' riaghladh na maoine, thèid tabhartasan aontachadh le pannal de chomhairlichean agus thèid pròiseactan a sgrùdadh agus a mheasadh le luchd-obrach bho TRACS agus Alba Chruthachail.

2. CÒ AS URRAINN TAGRADH A DHÈANAMH?

[Briogaibh an seo gus dearbhadh gu bheil sibh ion-roghnach mus dèan sibh tagradh](#)

Tha ion-roghnachd airson TACF a rèir prìomhachasan coitcheann Alba Chruthachail airson maoineachadh, agus gheibhear stiùireadh air an son le bhith a' briogadh air a' cheangal gu h-àrd. San fharsaingeachd, faodaidh daoine a tha 18 bliadhna a dh'aois no nas sine, buidhnean agus comainn stèidhichte ann an Alba, no a tha a' dèanamh obair ann an Alba, tagradh a dhèanamh, ach bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil sibh [ion-roghnach](#) mus lìon sibh am foirm tagraidh.

- Thoiribh an aire nach gabh TACF a chleachdadh mar cho-mhaoineachadh airson maoinean Alba Chruthachail eile - m.e. a' Mhaoin Fhosgailte, Maoin nan Ealan Gàidhlig, VACMA

Thoiribh an aire: Faodaidh Buidhnean le Maoineachadh loma-bhliadhna tagradh a dhèanamh cho fad 's nach eil am pròiseact mar phàirt den phrògram maoineachadh loma-bhliadhna a th' aca mar-thà.

- **nach bi** e a' cur prìomhachas an dàrna cuid air cosgaisean siubhail eadar-nàiseanta no air gnìomhachd a tha a' tachairt taobh a-muigh na h-Alba.

Thoiribh an aire: ma tha an t-iarrtas agaibh airson leasachadh proifeasanta no trèanadh, faodar beachdachadh air cosgaisean siubhail airson siubhal riatanach taobh a-staigh na RA agus Èirinn san fharsaingeachd.

Feumaidh tagraichean dearbhadh gu bheil eachdraidh mhath aca agus/no dealas proifeasanta aca ann an co-dhiù aon de na cruthan ealain traidiseanta a leanas mar a thathar gan cleachdadh ann an Alba an-diugh:

- Ceàird Thraidiseanta
- Dannsa Traidiseanta
- Ceòl Traidiseanta
- Seanachas Traidiseanta

Bu chòir do thagraichean beachdachadh air a' phàirt a bhios aig a' phròiseact aca ann a bhith a' sgrùdadh, a' tuigsinn agus a' leasachadh an comas cruthachail, a' cuideachadh le bhith a' cumail suas cleachdadh ealanta agus a' coileanadh feumalachdan leasachaidh pearsanta sam bith gus seasmhachd a thogail.

Tha eisimpleirean de thagraidhean soirbheachail bho chuid de roimhe de TACF (air an robh *Tasgadh*) rim faighinn an seo <https://www.feisean.org/tasgadh-g/> mar stiùireadh.

Ma tha barrachd soilleireachaidh a dhìth oirbh mu ion-roghnachd, cuiribh post-d gu tacf@tracscotland.org.

2.1. Nas urrainn agus nach urrainn do TACF maoineachadh

Is urrainn Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta	CHAN URRAINN Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta MAOINEACHADH A THOIRT DO NA LEANAS:
---	--

MAOINEACHADH A THOIRT DO NA LEANAS:

- Cruthachadh, cluich, cuairtean agus a bhith a' taisbeanadh ealainean is ciùird thraidiseanta ann an Alba.
- Pròiseactan leasachaidh agus ionnsachaidh proifeasanta

- Ceannach uidheamachd
- Clàraidhean albam no EP, no ullachadh air an son, mura h-eil clàraidhean airson adhbharan brosnachaidh a-mhàin far nach eil iad gu bhith air an reic
- Pròiseactan film/bhidio ach a-mhàin ma tha a' bhuannachd do na h-ealainean traidiseanta, no do luchd-ealain, air a mhìneachadh gu soilleir
- Obair le oileanaich a th' ann am foghlam aig an àm seo
- Co-fharpaisean
- Siubhal eadar-nàiseanta no obair pròiseict a tha a' tachairt taobh a-muigh na h-Alba.

3. RUIGSINNEACHD

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine le feumalachdan inntrigidh. Ma tha sibh feumach air atharrachaidhean no taic sam bith rè a' phròiseis tagraidh, cuiribh post-d thugainn aig tacf@tracscotland.org gus innse dhuinn ciamar as urrainn dhuinn cuideachadh.

Dh'fhaodadh taic ionmhasail a bhith ri faighinn cuideachd gus cuideachadh leis na riatanasan sin.

4. A' CUR A-STEACH TAGRADH

- Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chinn-latha fosglaidh is dùnaidh nam maoinean, a bharrachd air ceanglaichean ris an fhoirm tagraidh agus sgrìobhainnean taic air an [làraich-lìn](#) againn.
- Faodaidh gach tagraiche tagradh a chur a-steach airson duais eadar £250 (aig a' char as lugha) agus £1,200 (aig a' char as motha). Bu chòir do thagraichean a dh'fheumas barrachd air £1,200 beachdachadh air tagradh a dhèanamh gu [Maoin Fhosgailte Alba Chruthachail do Dhaoine fa leth](#).
- Ma tha sibh ag iarraidh beagan fiosrachaidh coitcheann mu bhith a' sgrìobhadh tagradh maoineachaidh soirbheachail, dh'fhaodte gum bi [an stiùireadh seo aig Creative Lives](#) na chuideachadh. Cumaibh an tagradh goirid ach dèanaibh cinnteach gun toir sibh fiosrachadh gu leòr dhuinn gus an urrainn dhuinn làn mheasadh a dhèanamh air an tagradh agaibh.
- Ged is e sgeama maoineachaidh neo-thromach ("*light touch*") a th' ann an TACF, bheir am pannal prìomhachas do thagraidhean a tha a' sealltainn ionracas ealanta, pròiseactan a tha air an rannsachadh agus air am planadh gu math, agus a bheir buannachdan agus dìleab dhan roinn.

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh a bhith a' lìonadh an tagraidh agaibh, cuir post-d gu tacf@tracscotland.org.

4.1. A' cleachdadh Inntinn Fuadain (AI)

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil innealan AI uaireannan feumail airson brosnachadh no leasachadh tùsail; ach mholamaid gu làidir gun sgrìobh sibh an tagradh a chuireas sibh a-steach sa ghuth shònraichte agaibh fhèin.

Tha am pannal airson tagraidhean fhaicinn far a bheil ur pearsantachd, ur dealas agus ur dealas dhan phròiseact agaibh follaiseach; agus ged a tha AI a' fàs nas fheàrr fad an t-siubhail, bidh e follaiseach dè na tagraidhean a bha a' dèanamh cus feum dheth.

4.2. Eisimpleir de bhuidseatan

Faodar buidseatan eisimpleireach a [luchdadh a-nuas air an làraich againn](#).

Thoiribh aire shònraichte do phuingeann [8.3 gu 8.8 san teirmichean is cumhaichean](#) agus thoiribh an aire gu bheil na figearan sna buidseatan taisbeanach gu h-ìosal nan eisimpleirean a-mhàin agus nach bu chòir an cleachdadh mar ìrean pàighidh, prìsean thiogaidean no rudan eile den leithid.

5. MEASADH

Tha Pannal Measadh TACF 2026-27 air a dhèanamh suas de shianar eòlaichean air an taghadh bhon roinn ealain is ciùird thraidiseanta, gach neach dhiubh air an taghadh airson an cuid eòlais shònraichte anns na raointean aca fhèin.

Air adhbharan follaiseachd, tha ainmean agus speisealachdan buill a' phannail air am foillseachadh gu h-ìosal agus cuideachd air duilleag [TACF air làrach-lìn TRACS](#):

Ainm	Speisealachadh	A' Bhuidheann
Alison Carlyle	Dannsa	Air a ceann fhèin
Brian Ó hEadhra	Gàidhlig / Ceòl	• TRACS • Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba#
Catriona Hawksworth	Oifigear Ealain Thraidiseanta / Ceòl	Alba Chruthachail
Helen Voce	Ceàird	Air a ceann fhèin
Joanne Urwin	Innse sgeulachdan	• TRACS • Fòram Seanachas na h-Alba
Steve Byrne	Neach-gairm / Scots / ICH	TRACS

5.1. A' toirt fios dhuinn mu Strì eadar com-pàirtean

Tha saoghal nan ealan traidiseanta beag, agus tha e glè choltach gum bi cuid de na tagraichean eòlach air aon no barrachd bhuill den phannal mar-thà gu pearsanta agus/no gu proifeasanta.

Ma tha sibh den bheachd gum faodadh strì eadar com-pàirtean a bhith agaibh le aon no barrachd de bhuill a' phannail, [cuiribh fios thugainn](#) ann an dìomhaireachd, a' mìneachadh na cùise agus cò am ball (no na buill) den phannal leis a bheil strì eadar com-pàirtean agaibh.

Bidh sinn a' dèiligeadh ri còmhstri sam bith a rèir ar frèam-stiùiridh taobh a-staigh na buidhnean airson dèiligeadh ri chòmhstrithean.

5.2. Clàr Com-pàirtean nam Ball Pannail

Thathar ag iarraidh air buill a' phannail foirm Clàraidh Chom-pàirtean bliadhnail a lìonadh cuideachd, ag ainmeachadh gin de na h-ùidhean proifeasanta no pearsanta a leanas:

- Obair neo-eisimileach sam bith a chaidh a dhèanamh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach; ballrachd(an) air bùird; dreuchdan stiùiridh companaidh; dreuchdan urrasach is msaa. a chaidh a chumail thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh a tha buntainneach do roinn nan ealan traidiseanta
- Fiosrachadh mu obair comhairleachaidh cudromach sam bith a chaidh a dhèanamh thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh
- Com-pàirt ionmhasail sam bith ann am buidhnean iomchaidh, no a gheibh buannachd bho bhuidheann den t-seòrsa seo.
- Cèile, companach no ceangal pearsanta eile ri daoine ann an TRACS no buidhnean buntainneach eile, no mar chuideigin a tha a' faighinn buannachd bho bhuidheann den t-seòrsa seo
- Bathar no seirbheisean sam bith a fhuair sibh bho TRACS, a' gabhail a-steach maoineachadh tabhartais
- Com-pàirt sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith air a mheas gu reusanta mar rud a chruthaicheas strì eadar com-pàirtean.

Gheibh sibh cothrom air a' chlàr **an seo**

5.3. Tagraidhean Soirbheachail

Cuiridh TRACS fios gu na tagraichean soirbheachail uile taobh a-staigh 2 sheachdain bho choinneamh a' phannail mheasaidh, a thèid a chumail gun a bhith nas fhaide na 6 seachdainean às dèidh a' cheann-latha dùnaidh.

Gheibh tagraichean soirbheachail litir mun tairgse a dh'innseas mar a thèid a' mhaoin a phàigheadh agus cumhaichean a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ris an tairgse.

Ma thig atharrachadh sam bith air planaichean pròiseict às dèidh làimhe, feumar an cur, ann an sgrìobhadh, gu TRACS. Feumar aithisg dheireannach san riochd cheart a chur a-steach taobh a-staigh dà mhìos bho dheireadh a' phròiseict agus dh'fhaodadh gun tèid cuid de phròiseactan a thaghadh airson measadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad gan cur an gnìomh mar a bha dùil. Dh'fhaoidte cuideachd gun cuir sinn cuid a phròiseactan a bh' againn roimhe fon phrosbaig air an làrach-lìn againn ach am faic daoine de seòrsa de phròiseactan ris an cuir a' mhaoin taic.

5.4. Tagraichean Neo-shoirbheachail

Tha coltas gum faigh sinn barrachd thagraidhean a bhiodh airidh air maoineachadh na bhios de mhaoin againn. Mura soirbhich le tagradh, bheir sinn seachad ar beachd air an tagradh ma tha sibh ag iarraidh sin, taobh a-staigh 2 sheachdain bhon phannal measaidh a' coinneachadh le adhbharan carson nach do shoirbhich leotha.

Gu mì-fhortanach, leis na bhios againn de thagraidhean, chan urrainn dhuinn beachdan a bharrachd a thoirt seachad mu na tagraidhean a bharrachd air seo.

6. CO-IONANNACHD, IOMADACHD AGUS IN-GHABHALTACHD

Tha e na rùn aig TRACS dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd anns a h-uile gnìomhachd aige agus tha dleastanas cùmhnantail air gus sùil a chumail air a' ghealltanas sin. Mar sin feumaidh sinn fiosrachadh a chruinneachadh mu fheartan dìonta a tha air am mìneachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010 a bharrachd air fios mu chomasan san Scots agus sa Ghàidhlig agus air inbhe shòiseo-eaconamach.

Cuidichibh sinn le bhith a' lìonadh an t-suirbhidh a tha ceangailte gu h-ìosal. Thèid am fiosrachadh a bheirear seachad - a tha gun urra agus nach tèid a cho-roinn le treas phàrtaidh sam bith, agus a thèid a riaghladh gu dìomhair a rèir ar Fios Prìobhaideachd - a chleachdadh airson aithris staitistigeil agus gus ar cuideachadh le bhith a' leasachadh ar seirbheisean a-mhàin.

Tha lìonadh an fhoirm seo gu tur saor-thoileach; ach cuidichidh na freagairtean agaibh sinn gu mòr le bhith a' toirt piseach air na tha sinn a' tabhann agus air ar ruigsinneachd. Ged a dh'fheumas a h-uile ceist freagairt (*), tha roghainn 'B' fheàrr leam gun freagairt ann airson gach ceist.

[Foirm Sgrùdaidh EDI - Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta](#)

7. TÙSAN MAOINEACHAIDH EILE

Mura h-eil am pròiseact agaibh ion-roghnach air Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta, no mura h-eil an tagradh agaibh soirbheachail, bu chòir dhuibh beachdachadh air tagradh a dhèanamh do thè de na maoinean a tha air an liostadh gu h-ìosal.

Cuimhnichibh nach gabh maoineachadh sam bith, a thèid a libhrigeadh gu dìreach le, no a thèid a thoirt seachad le, Alba Chruthachail, a chleachdadh mar cho-mhaoineachadh le maoin eile den aon seòrsa.

7.1. Coitcheann

7.1.1. Alba Chruthachail

[Maoin Fhosgailte](#): Is e seo tè de na prìomh shlighean maoineachaidh aig Alba Chruthachail, a tha a' cumail ri raon fharsaing de dh'obair aig buidhnean, luchd-ealain, sgrìobhadairean, riochdairean agus luchd-cleachdaidh cruthachail eile ann an Alba.

7.2. Ceàrdan

7.2.1. Heritage Crafts

- [Maoin Ciùird ann an Cunnart](#): Tabhartasan beaga do luchd-ciùird agus buidhnean san RA gus pròiseactan a mhaoineachadh a tha a' cumail taic ri ciùird ann an cunnart

- [Bursaraidhean Trèanaidh](#): Tha bursaraidhean trèanaidh rim faighinn do luchd-inntrigidh ùra agus do chleachdaichean san RA a tha aig ìre thràth nan dreuchdan a dh'fheumas taic ionmhasail gus na sgilean practaigeach fhaighinn a tha a dhìth orra gus soirbheachadh. **(Thoiribh an aire, tha a' mhaoin seo dùinte aig an àm seo)**

7.2.2. Alba Chruthachail

[VACMA \(Duaisean Luchd-dèanaidh neach-ealain Lèirsinneach is Ceàird\)](#)

Ceàird: Prògram de sgeamaichean tabhartasan beaga, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean ealain air feadh na h-Alba agus air an riaghladh gu h-ionadail leis na com-pàirtichean sin. Bursaraidhean gus taic a chumail ri luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird leis an leasachadh cruthachail is proifeasanta aca, a dh'fhaodadh cuideachd cuideachadh le bhith a' ceannach “uidheam riatanach [...] a chuidicheas gu soilleir sibh gus deuchainnean a dhèanamh no gus piseach a thoirt air ur cleachdadh”. **(Thoiribh an aire - tha a' mhaoin seo dùinte airson na bliadhna ionmhais seo aig an àm seo)**

7.3. Pròiseactan Gàidhlig

7.3.1. Bòrd na Gàidhlig

- [Tabhartasan Coitcheann](#). Bidh seo a' coimhead air pròiseactan taobh a-muigh nan sgeamaichean maoineachaidh àbhaisteach aige a chuireas ri prìomhachasan Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig
- [Maoin nan Ealan Gàidhlig](#): Maoin a tha air a dhealbhadh gus taic a chumail ri lìbhrigeadh phròiseactan ealain Gàidhlig.

7.4. Pròiseactan san Scots

7.4.1. Alba Chruthachail

[Tabhartasan Beaga airson Cruthachalachd ann an Scots](#) (air a rianachd agus air a stiùireadh le Hands up for Trad): Maoin gus taic a chumail ri obair chruthachail ùr san Scots a bhios air a thoirt do luchd-amais ann an 2026.

7.4.2. Urras Leabhraichean na h-Alba

[Maoin Foillseachaidh na Scots](#): Maoin gus taic a thoirt do luchd-foillseachaidh gus obair sgrìobhte ann an Scots fhoillseachadh agus adhartachadh.

7.5. Film

7.5.1. Alba Chruthachail

[Sgrìn Alba](#): Diofar mhaoinean airson a bhith a' brosnachadh gach taobh de ghnìomhachas film is TBh na h-Alba.

8. TEIRMICHEAN IS CUMHAICHEAN

- 8.1. Feumaidh sibh co-dhiù ochd seachdainean fhàgail eadar an ceann-latha airson tagraidhean agus ceann-latha tòiseachaidh a' phròiseict.
- 8.2. Ma tha fios agaibh, thoiribh seachad ainmean an luchd-ealain/ciùil no nan oidean leis a bheil dùil agaibh obrachadh, fiù 's ma tha seo an urra ri faotainneachd no a bhith a' faighinn maoineachadh. Cuidichidh seo sinn le bhith a' measadh càileachd ealanta is cruthachail do phròiseict.
- 8.3. Faodaidh sibh eileamaidean a chur san tagradh agus sa bhuidseat agaibh a chuireas libhrigeadh a' phròiseict agaibh ann an co-theacsa. Ach, nuair a bhios sibh a' co-dhùnadh dè an ìre maoineachaidh a tha sibh airson iarraidh san tagradh, cumaibh nur cuimhne gu bheil an TACF ag amas air taic a thoirt do chruthachadh, taisbeantas, cuairtean no taisbeanadh ealain traidiseanta na h-Alba, no leasachadh proifeasanta ann an ealain traidiseanta Albannach. Bheir am pannal prìomhachas do thaic ris na na h-eileamaidean sin de thagradh.
- 8.4. Tha e na rùn aig TRACS (Ealain is Cultar Traidiseanta na h-Alba) agus Alba Chruthachail dealasach gum faigh luchd-ealain pàigheadh cothromach agus faodaidh tu coimhead air [stiùireadh Alba Chruthachail an seo](#) a tha a' buntainn ri tagraidhean TACF. Feumar bun-ìrean àbhaisteach a' ghnìomhachais ([Aonadh an Luchd-ciùil](#), [Equity](#), [Aonadh Luchd-ealain na h-Alba](#) is msaa) a thabhann do dh'oidean/luchd-cluiche agus na cosgaisean a chur sa bhuidseat agaibh. Thathar ag aithneachadh gum bi cuid a luchd-ealain/cleachdaichean deònach obair mar seo a dhèanamh air reat nas saoire no fiù an-asgaidh. Mas ann mar seo a tha a' chùis, bu chòir dhut mìneachadh nur tagradh gu bheil iad airson seo a dhèanamh agus bu chòir dhan bhuidsead agaibh na nì neach-ealain/neach-sgil a shealltainn mar thaic stuthail, a' gabhail a-staigh an diofair eadar an reat àbhaisteach sa ghnìomhachas agus na gheibh iad de thuarastal bhuaibhse. Faicibh [buidseat eisimpleireach 4](#).
- 8.5. Smaoinichibh gu cùramach mun bhuidsead agaibh agus a bheil na cosgaisean is an teachd a-steach a tha fa-near dhuibh iomchaidh. Thoiribh seachad nas urrainn dhuibh de dh'fhiosrachadh agus dèanaibh cinnteach gun cuir sibh a-steach buidseat cothromach, i.e. bu chòir dhan teachd-a-steach (a' gabhail a-steach an tabhartas ris a bheil dùil bho TAC) a bhith co-ionnan ris na cosgaisean agaibh. Faic [buidseatan eisimpleireach 3 agus 4](#).

Thoiribh an aire: Cha tèid tagraidhean le buidseatan neo-choileanta far nach eil cothromachadh ann eadar teachd a-steach agus caiteachas a thoirt air adhart dhan phannal measaidh.

- 8.6. Feumaidh sibh cuideachd fiosrachadh a thoirt seachad mu cho-mhaoineachadh sam bith, agus a bheil iad dearbhte no ri dhearbhadh, a bharrachd air fianais gum bi 10% de theachd a-steach air a chruthachadh. Dh'fhaodadh an teachd a-steach a nithear a bhith ann an

cruth reic thiogaidean, teachd-a-steach com-pàirteachais bho thùs eile no tabhartas bhon tagraiche fhèin.

- 8.7. Bithibh reusanta mu na tha sibh an dùil reic agus dèanaibh cinnteach gu bheil iad a rèir luach an tachartais no an toraidh. Cha bhiomaid dualtach maoineachadh a thoirt do chlò-bhualadh de 1,000 leabhar mur eil dùil aig an tagraiche ach mu 25 a reic. Mar eisimpleir, cha bhiodh sinn dualtach maoineachadh a thoirt do riochdachadh is brosnachadh taisbeantais ma tha dùil aig an tagraiche ri 20 neach a thàladh a phàigheas dìreach £2 an urra. Bithibh ciallach mu phrìsean agus cuiribh luach reusanta air an tairgse.
- 8.8. Ged is e £1,200 an tabhartas as motha a gheibhear, na h-iarraibh ach na dh'fheumas sibh: ma nì sibh sin, dh'fhaodte gum faigh barrachd buaidh bho mhaoineachadh gann TACF. Thoiribh an aire cuideachd gur e £250 an t-sùim as lugha as urrainnear iarraidh.
- 8.9. 'S e prìomhachas a th' ann a bhith a' cumail taic ri, agus a' brosnachadh Seasmhachd Àrainneachdail. Chan eil sinn an dùil gum bi fòcas àrainneachdail aig pròiseactan, ach tha sinn ag iarraidh air a h-uile tagraiche beachdachadh air buaidh àrainneachdail na gnìomhachd agus mìneachadh dè na ceumannan a tha iad a' gabhail gus a' bhuaidh seo a lùghdachadh anns na tagraidhean aca. Bheir sinn fa-near do seo nuair a bhios sinn a' toirt prìomhachas do thagraidhean, agus mar sin, nuair a bhios iarrtas mòr ann, is dòcha gun toir sinn prìomhachas taic a thoirt do phròiseactan agus ghnìomhachdan a bheir aire dhan bhuaidh àrainneachdail aca agus a bhios ag obair gus sin a lùghdachadh.
- 8.10. Faodaidh tagraichean barrachd air aon phròiseact a chur a-steach ach thoiribh an aire gu bheil farpais cho mòr ann airson maoineachadh TACF agus nach eil e coltach gum bi e comasach dhuinn barrachd air aon tabhartas a thabhann ann am bliadhna ionmhais sam bith agus gur dòcha gun toir sinn prìomhachas do thagraichean nach d' fhuair maoineachadh roimhe.
- 8.11. Faodaidh tagraichean tagradh a dhèanamh airson tachartas bliadhnail, no tachartas den aon seòrsa gach bliadhna, ach chan eil gealltanasan sam bith ann, ma thèid maoineachadh a thoirt dhan phròiseact agaibh aon uair, gun tèid a mhaoineachadh a-rithist. Cha bu chòir a bhith an dùil gum bi TACF na sheòrsa de mhaoineachadh cunbhalach/bun-mhaoineachadh.
- 8.12. Tha e an urra ris an tagraiche fiosrachadh gu leòr a thoirt seachad gus am bi e comasach dhan phannal measadh a dhèanamh air an tagradh aca. Ann an cuid de chùisean, far a bheil barrachd fiosrachaidh a dhìth gus co-dhùnadh a dhèanamh, dh'fhaodte gun tèid iarraidh air tagraichean an t-iarrtas aca a chur a-steach a-rithist airson an ath cheann-latha. Ma tha am pannal ga mheas iomchaidh, faodar tagraichean a stiùireadh gu maoineachadh eile aig Alba Chruthachail no sruthan maoineachaidh eile nuair a bheir iad fios-air-ais seachad.

